

LEASAN 5 10 mionaidean	Cuspair: Puirt-Cruinn 6/8	Òran: 'Dh'fhalbhainn sgiobalta' NEO FAC' THU NA FÈIDH?	Faidhlichean fa-leth:
	<p>A' mìneachadh gu bheil ùine-fhillte an sàs ann am puirt dhe a leithid seo, ach chan eil annta ach dà uiread na buillean 's a tha ann am bhaltsaichean, a rinneadh roimhe.</p> <p>Mar sin, a' bualadh ar basan: 1-2-3, 1-2-3, 1-2-3, 1-2-3, Dh'fha-la-bhainn, sgiob-al-ta, Sgiob-al-ta, sgiob-al-ta...</p>	<p>Dh' fhalbhainn sgiobalta, sgiobalta, sgiobalta Dh' fhalbhainn sgiobalta 's gheibhinn air dòigh Dh' fhalbhainn sgiobalta choimhead air Iseabail Chuirinn mo bhroigais orm 's gheibhinn ar dòigh Dh' fhalbhainn sgiobalta, sgiobalta, sgiobalta Dh' fhalbhainn sgiobalta 's gheibhinn air dòigh Dh' fhalbhainn sgiobalta choimhead air Iseabail Chuirinn mo bhroigais orm 's gheibhinn ar dòigh</p> <p>Sìle, Sìle, 's i bu docha leam Sìle, Sìle, am boireannach còir Sìle, Sìle, 's i bu docha leam Peigi nighean Uilleim a ghabh mi ri m' bheò Sìle, Sìle, 's i bu docha leam Sìle, Sìle, am boireannach còir Sìle, Sìle, 's i bu docha leam Peigi nighean Uilleim a ghabh mi ri m' bheò</p> <p><i>Gairm is freagairt, an uairsin a' dol tron òran gu slaodach.</i></p> <p><i>Aig an fhìor dheireadh, seinneamaid e aig luaths àbhaisteach: ma tha iad cofhurtail faodaidh iad seinn còmhla rium, neo tilleadh air ais thuige nuair a tha.</i></p>	<p>Faclan nan òran Eadar-theangachadh</p>

Leasan 5: Port-Cruinn (6/8)

Nighean rua' bhàn aig Dòmhnall Ruadh pìobair

Nighean rua' bhàn aig Dòmhnall Ruadh pìobair
Rachadh i bhàl nam faigheadh i fìdhleir
Nighean rua' bhàn aig Dòmhnall Ruadh pìobair
Dhèanadh i sìth nam faigheadh i dràm

Dhèanadh i càrdadh, dhèanadh i cìreadh
Rachadh i bhàl nam faigheadh i fìdhleir
Dhèanadh i càrdadh, dhèanadh i cìreadh
Dhèanadh i sìth nam faigheadh i dràm

The auburn daughter of Donald Ruadh the piper

The auburn daughter of Donald Ruadh the piper
Would attend a ball if she could catch the fiddler's eye
The auburn daughter of Donald Ruadh the piper
Would be quite peace-loving if given a dram

She would card wool, she would comb wool
Would attend a ball if she could catch the fiddler's eye
She would card wool, she would comb wool
Would be quite peace-loving if given a dram